

# Cuspair 21

## Outcomes

Digital content: [speakgaelic.scot](http://speakgaelic.scot)

B1

### Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I can discuss different types of art.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can say what art I like and why.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can talk about visiting art galleries.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I can discuss and describe pictures and works of art.	Done? <input type="checkbox"/>
05	I can work on a design or picture with others.	Done? <input type="checkbox"/>

### 1. Ealain | Art

Bidh sinn a' bruidhinn mu dheidhinn gach seòrsa ealain anns an leasan seo agus tòisichidh sinn le briathrachas ùr air a' chuspair seo. Thoir sùil air na diofar sheòrsaichean de dh'ealain a th' anns a' bhogsa an toiseach.

**aitireachd** *n* | architecture

**dealbhadh** *n* | design

**peantadh** *n* | painting

**snaidheadh** *n* | sculpting

**togail dhealbhan** *n* | photography

**beò-dhealbhadh** *n* | animation

**Bruidhinn** 🗣️ - Dèan còmhradh goirid le ceistean 1-3:

1. Dè seòrsa ealain a rinn thu fhèin?

2. Dè seòrsa ealain as fheàrr leat?

3. Dè bu toil leat feuchainn?

**Sgrìobh** ✍️ - Tha briathrachas ealain eile anns a' chlàr seo. Cuir na faclan bhon bhogsa dhan àite cheart:



**dealbhadair**    **ìomhaigh (shnaidhte)**    **dealbhachadh**    **clò**    **neach-togail dhealbh**

GNÌOMHAIR

DREUCHD

AINMEAR

tarraing dealbh!

neach-ealain

dealbh (peantaidh)

dealbhaich!

tog dealbh!

dealbh-camara

snaidh!

snaidheadair

figh!

breabadair / figheadair

**Bruidhinn** 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, bruidhinn air an eòlas a th' agad fhèin air ealain: **An e neach-ealain a th' annad? A bheil thu math air dealbhan a thogail? Am bi thu a' peantadh?**

## 2. Aig gailearaidh ealain | At an art gallery

Bidh feum againn air na tràthan airson bruidhinn mu dheidhinn ghailearaidhean. A bheil cuimhne agad air an **tràth chaithte** 'past tense', agus air an **tràth theachdail** 'future tense'? Mura h-eil, bheir sinn sùil air cuid de na gnìomhairean neo-riaghailteach anns na diofar thràthan a-rithist an seo anns an tràth chaithte.

**Leugh** 📖 - Le caraid, leugh an còmhradh seo dha chèile:

Dè **chunnaic** sibh aig a' ghailearaidh ealain ann an Amsterdam? **Am faca** sibh dealbhan Rembrandt an sin?

**Chunnaic.** **Chunnaic** sinn mòran de na dealbhan aige **nuair a chaidh** sinn gu Taigh-tasgaidh Rijks. Bha e sgoinneil.

Glè mhath! Agus **cuin a chaidh** sibh ann? **An deach** ur cuid chloinne ann còmhla ribh?

**Chaidh** sinn ann aig toiseach nan làithean-saora agus **thàinig** mo nighean Ciorstaidh còmhla rinn. **Cha tàinig** Eòghann air sgàth 's nach eil ùidh aigesan ann an ealain idir!

**Am faca** sibh dealbhan Rembrandt?



✓ **Chunnaic**

✗ **Chan fhaca**

**An deach** ur cuid chloinne ann còmhla ribh?



✓ **Chaidh**

✗ **Cha deach**

**An tàinig** Eòghann còmhla ribh?



✓ **Thàinig**

✗ **Cha tàinig**

**An do rinn** sibh mòran air na làithean-saora?



✓ **Rinn**

✗ **Cha do rinn**

Mar a chunnaic sinn ann an **SpeakGaelic A2**, faodaidh sinn na gnìomhairean neo-riaghailteach seo a chleachdadh leis na **ceistean** 'questions' agus **naisgearan** 'conjunctions' a dh'ionnsaich sinn.

Gheibh sinn eisimpleirean a bharrachd ann an **21A Duilleag Mìneachaidh**.

### CHUNNAIC

### AM FACA

Ciamar **a chunnaic**?

Càit **am faca**?

Cò | Dè **chunnaic**?

Mura **faca**...

Cuin **a chunnaic**?

Far **am faca**...


Nuair **a chunnaic**...

...gum **faca**...

Ma **chunnaic**...

...nach **faca**...

**Bruidhinn** 🗣️ - Smaoinich air an turas mu dheireadh a chaidh thu gu gailearaidh ealain. Innis dha do charaid mu dheidhinn: **Càite? Cuine? Cò chaidh ann còmhla riut? Dè chunnaic thu an sin? An do chòrd na dealbhan riut? An robh taisbeanadh sònraichte an sin nuair a chaidh thu ann?**



### 3. Thèid mise ann | I will go there

Bu chòir gum bi cuimhne againn cuideachd air an tràth theachdail. Chì sinn cuid de na gnìomhairean neo-riaghailteach an seo a dh'fhaodamaid a chleachdadh airson bruidhinn mu dheidhinn ealain.

Am faic sibh dealbhan Rembrandt?

→ ✓ Chì

✗ Chan fhaic

An tèid ur cuid chloinne ann còmhla ribh?

→ ✓ Thèid

✗ Cha tèid

An tig do bhean còmhla riut?

→ ✓ Thig

✗ Cha tig

An dèan sibh mòran air na làithean-saora?

→ ✓ Nì

✗ Cha dèan

Chì sinn an gnìomhair neo-riaghailteach **faic** 'see' an seo leis na **ceistean** 'questions' agus na **naisgearan** 'conjunctions' a dh'ionnsaich sinn aig **A2** agus a chunnaic sinn a-rithist aig toiseach **B1**.

Gheibh sinn eisimpleirean a bharrachd ann an **21A Duilleag Mìneachaidh**.

**Sgrìobh** ✎ - Lìon na beàrnan anns na ceistean seo leis a' chruth cheart den ghnìomhair anns an tràth chaithte no an tràth theachdail.

- |   |        |
|---|--------|
| 1. _____ thu cùrsa Gàidhlig no cùrsa ealain an-ath-bhliadhna?     | [dèan] |
| 2. Dè _____ thu ma thèid thu gu taigh-tasgaidh faisg ort?         | [faic] |
| 3. Ciamar a _____ thu dhan obair agad gach latha?                 | [rach] |
| 4. Càit _____ tu an dealbh-chluich mu dheireadh a chunnaic thu?   | [faic] |
| 5. Cuin mu dheireadh a _____ thu biadh sònraichte do chuideigin?  | [dèan] |
| 6. _____ duine sam bith a chèilidh ort a-raoir no a' bhon-raoir?  | [thig] |
| 7. Càit _____ thu air làithean-saora an-uiridh no a' bhon-uiridh? | [rach] |
| 8. _____ tu a-riamh dealbh ainmeil? Càit _____ tu e?              | [faic] |
| 9. Cuin a _____ thu dhan taigh-dhealbh còmhla rium?               | [thig] |
| 10. Dè _____ thu an turas mu dheireadh a chaidh thu a Ghlaschu?   | [dèan] |

**Bruidhinn** 🗣️ - Cuir ceistean 1-10 air caraid sa chlas. Ma chrìochnaicheas sibh gu sgiobalta, gu luath, tòisichibh a-rithist le caraid eile.

**Dè rinn thu an turas mu dheireadh a chaidh thu a Ghlaschu?**

**Chunnaic sinn dealbh-chluich anns an taobh an iar agus...**

## 4. A' mìneachadh obair-ealain | Explaining artwork

Chì sinn briathrachas ùr co-cheangailte ri obair-ealain an seo. Thoir sùil air na faclan sa chiad bhogsa. Math dh'fhaodte nach bi sinn uile a' bruidhinn mu obair-ealain san aon dòigh agus le sin, cuir cuideam air na faclan a bhios feumail dhut fhèin an toiseach.

**co-chur deilbh** | composition

**ro-raon** | foreground

**cùl-raon** | background

**beulaibh an deilbh** | front of the picture

**cùlaibh an deilbh** | back of the picture

**tòna** *f* | tone

**tuar** *m* | hue

**filleadh** *m* | layer

**taobh solais** | light direction

**iomsgaradh** *m* | contrast

Bidh feum againn air buadhairean ceangailte ri obair-ealain ma bhruidhneas sinn mu dheidhinn nan dealbhan a chì sinn ann an gailearaidh. Thoir sùil air na buadhairean seo. Is dòcha gum bi thu eòlach air cuid de na faclan mar-thà.

**dathach** *adj* | colourful

**dàna** *adj* | bold

**soilleir** *adj* | clear

**doilleir** *adj* | dull

**mìn** *adj* | smooth, fine

**garbh** *adj* | rough



**aon-dathach** *adj* | monochrome

**gleansach** *adj* | glossy, shiny

**socair** *adj* | quiet, calm

**Leugh** 📖 am beachd seo a tha aig cuideigin mu dheidhinn aon de na dealbhan a tha gu h-ìosal. Cò an dealbh air a bheil an neach a' toirt tuairisgeul?

**Tha doimhneachd san dealbh, le iomsgaradh eadar na dathan... feadhainn shoilleir air beulaibh an deilbh agus feadhainn dhorcha air cùlaibh an deilbh.**



**Bruidhinn** 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, bruidhinn mu dheidhinn dhealbhan 1-4 an seo: **Dè do bheachd air na dealbhan? Cò am fear as fheàrr leat fhèin agus carson? Dè tha math no dona mu dheidhinn nan dealbhan? Dè tha thu a' faicinn annta?**



## Dè do bheachd air seo? | What do you think of this?

Chì sinn dà dhealbh an seo de bhoireannach, ach ann an suidheachadh eadar-dhealaichte. Bruidhneamaid mu dheidhinn nan dealbhan.

**Bruidhinn** 🗣️ - Dèan còmhradh mu na dealbhan seo le caraid, no ann am buidheann beag. Chan eil freagairt cheart no cheàrr ann, mar sin, thoir seachad do bheachd fhèin. Cleachd na gnìomhairean is na h-abairtean a dh'ionnsaich sinn san leasan seo.

- **Tha mise a' smaoinichadh gu bheil...**
- **'S e dealbh (buadhair) a th' ann.**
- **Saoilidh mi...**
- **Is toil leam... | Cha toil leam...**



**The Blind Girl, 1856**  
**Neach-ealain: John Everett Millais**



**Portrait of a Woman, 1638-39**  
**Neach-ealain: Guido Reni**

**Sgrìobh** ✍️ - A bheil thu eòlach air an luchd-ealain seo? Ma tha, tha thu a' dol a sgrìobhadh cunntas-beatha goirid mu dheidhinn aonan dhiubh. Mura h-eil thu eòlach orra, dèan beagan rannsachaidh air-loidhne an toiseach agus an uair sin, sgrìobh cunntas-beatha goirid mu dheidhinn John Everett Millais no Guido Reni:

**Rugadh** \_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

➔ Theirigibh gu [21A Duilleag Mìneachaidh, 21B Duilleag Obrach, 21C Duilleag Geama]

### Còmhradh:

**Coimhead** 📺 - Illustrated Scenario 21 - [www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists](http://www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists)

**Luc:** An deach sibh dhan ghailearaidh ealain bheag ùir fhathast, Etta?

**Etta:** Cha deach, ach thèid mi ann feasgar Disathairne. An deach thu fhèin ann?

**Luc:** Chaidh mi ann an-dè.

**Etta:** An do chòrd e riut?

**Luc:** Chòrd e rium. Tha cuid den obair-ealain glè inntinneach.

**Etta:** Dè an seòrsa ealain a chì thu ann?

**Luc:** Chì thu ealain glè eadar-dhealaichte ann. Chunnaic mise dealbhan air am peantadh, dealbhan a chaidh a thogail le camara agus tha obair shnaighte ann cuideachd.

**Etta:** Thèid mi ann gun teagamh. Bha ùidh aig mo chèile nach maireann ann an ealain.

**Luc:** Dè an seòrsa ealain as fheàrr leibh, Etta?

**Etta:** Is toil leam dealbhan air am peantadh. Tha mi air tadhal air iomadh gailearaidh ealain.

**Luc:** Oh, càite?

**Etta:** Chaidh mi gu gailearaidhean ealain anns an Òlaind agus anns an Eadailt.

**Luc:** Am faca sibh dealbhan ainmeil?

**Etta:** Nuair a bha sinn ann an Amsterdam, bha dealbh ainmeil le Rembrandt ann am meadhan an taigh-tasgaidh.

**Luc:** Dè an dealbh a bha sin?

**Etta:** De Nachtwacht anns a' chànan aige fhèin - Freiceadan na h-Oidhche. Tha meud mòr ann, mu cheithir meatairean a dh'àirde.

**Luc:** Le ainm mar sin, a bheil e dorcha?

**Etta:** Bha e *glè* dhorcha gus an do ghlan iad e! Tha dath dubh ann ach tha dathan soilleir an siud 's an seo – dearg agus buidhe. Tha sgàil agus solas a' toirt dràma mòr dhan dealbh. Dè an seòrsa ealain as fheàrr leat fhèin?

**Luc:** Tha ùidh agamsa ann an obair camara ach is toil leam a bhith a' dol dhan ghailearaidh mhòr sa bhaile nuair a bhios taisbeanadh ùr ann.

**Etta:** Thèid mise an sin uair sa mhìos. Bidh mi a' coiseachd mun cuairt leam fhèin a' coimhead air an obair ealain.



## 5. Coltach an deilbh | The appearance of the picture

Annas a' **Chòmhradh** thug Etta tuairisgeul dhuinn de choltach an deilbh air a bheil an t-ainm '*Nachtwacht*' no **Freiceadan na h-Oidhche** 'The Night Watch'. Dh'fhaighnich Luc do dh'Etta mu dhathan an deilbh agus thuir i gun tug **sgàil agus solas** 'shade and light' dràma dhan dealbh.

Le ainm mar sin, a bheil e **dorcha**?

Tha **dath dubh** ann ach tha **dathan soilleir** an siud 's an seo - **dearg agus buidhe**. Tha **sgàil agus solas** a' toirt dràma mòr dhan dealbh.

## Thoir tuairisgeul air | Describe it

Nuair a bhios sinn a' toirt **tuairisgeul** 'description' air obair-ealain, feumaidh sinn iomradh a thoirt air a' **mhion-obair** 'detail' anns an dealbh. Dh'fhaodamaid bruidhinn mu dheidhinn nan dathan a tha ann, no doimhneachd an deilbh, no cuspair an deilbh. Tha iomadh rud ann air am b' urrainn dhuinn bruidhinn. Ach, aig deireadh an latha, 's e na rudan as toil agus na rudan nach toil leinn na rudan as cudromaiche dhuinn uile nuair a bhruidhneas sinn mu dheidhinn ealain.

**Bruidhinn** 🗣️ - Smaoinich air an neach-ealain as fheàrr leat. Cò ris a tha an obair-ealain aca coltach? Sgrìobh sìos ainm an neach-ealain agus ainm an deilbh as fheàrr leat ma bhios fear agad. Innis dha caraid sa chlas mu dheidhinn an dà rud seo. Mura h-eil dealbh ann as fheàrr leat, sgrìobh sìos ainm de dhealbh air a bheil thu eòlach agus an neach-ealain a rinn e, agus bruidhinn mu dheidhinn sin.

## 6. Dathan an deilbh mhòir | The colours of the big picture

Chunnaic sinn riaghailtean an **tuisseil ghinidich** 'rules of the genitive case' ann am **B1 Cuspair 4**. Dh'ionnsaich sinn gun atharraich am buadhair a leanas ainmear anns an tuisseal ghinideach. Thoir sùil air a' chlàr seo an toiseach agus bruidhinn ri caraid air na h-atharraichean a tha thu a' faicinn.

### MASCULINE NOUNS

fear mòr **an fhuilte dhuibh**

aodann **a' bhoireannaich bhrèagha**

coltach **an aodainn shnoig**

dathan **an deilbh mhòir**

### FEMININE NOUNS

fear mòr **na feusaige duibhe**

aodann **na caileige bige**

coltach **na h-aghaidhe brèagha**

air beulaibh **na tè mòire**



Thoir sùil a-rithist air riaghailtean nan tuislean ann an **Cuspair 4** ma dh'fheumas tu.

**Sgrìobh** 🖋️ - Cuir na h-abairtean seo dhan Ghàidlig le cruth ceart an tuiseil ghinidich:

1. the fair woman's face (*m*)

5. the top of the blue mountain (*f*)

2. the size of the red deer (*m*)

6. the colour of the tall church (*f*)

3. the depth of the small painting (*m*)

7. the young girl's toy (*f*)

4. the white lamb's leg (*m*)

8. the pocket of the black jacket (*f*)

**Bruidhinn** 🗣️ - Le caraid cleachd na ceistean seo leis na h-abairtean gu h-àrd agus freagair iad mas urrainn dhut. Chan eil freagairtean ceart no ceàrr ann.

1. Dè tha ceàrr air [àireamh 1]?

5. An do ràinig iad [àireamh 5]?

2. Am faca tu [àireamh 2]?

6. A bheil [àireamh 6] dubh no donn?

3. Dè do bheachd air [àireamh 3]?

7. Càit an do cheannaich i [àireamh 7]?

4. Cò bhris [àireamh 4]?

8. An do chàraich e [àireamh 8]?

Cuimhnich gum b' urrainn dhuinn na buadhairean a dh'ionnsaich sinn ann am **Pàirt 1** den leasan seo a chleachdadh gus bruidhinn mu dheidhinn dhealbhan. Chì sinn trì buadhairean a bharrachd a dh'fhaodamaid a chleachdadh cuideachd anns a' bhogsa.

**domhain** *adj* | deep

**tana** *adj* | shallow

**toinnte** *adj* | intricate

**Bruidhinn** 🗣️ - Taghadh aon de na dealbhan gu h-ìosal agus thoir tuairisgeul air. Innis dha do charaid mu chuspair an deilbh, na dathan agus rud sam bith eile a chì thu ann:

**An toil leat an dealbh agad no nach toil? Carson?**



**The Stubble Field**  
Neach-ealain: Joan Eardley



**Autumn, Kinnordy**  
Neach-ealain: James McIntosh Patrick

## 7. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Tha sinn a' dol chun na làraich-lìn aig **Tobar an Dualchais** a-rithist an seo air sgàth 's gu bheil e cudromach aig ìre **B1** agus **B2** gun èist sinn ri Gàidhlig cho tric 's a ghabhas. Tha e cudromach gum bi sinn a' cleachdadh ghoireasan **leughaidh** agus **èisteachd** aig diofar ìrean, cuid a tha furasta agus cuid a tha dùbhlach. Mar a tha fios againn, tha **Tobar an Dualchais** cianail feumail a thaobh ghoireasan dùbhlach! Chan eil e gu diofar mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile rud aig an ìre seo. Tha **tar-sgrìobhadh** 'transcription' den chlàradh seo ann an **21B Duilleag Obrach**.

**Èist** 🎧 ris a' chlàradh seo dà thuras agus freagair na ceistean:

[www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-21-ealain-art](http://www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-21-ealain-art)



1. Cò air a tha Eairdsidh Friseil a' bruidhinn sa chrìomaig?
2. Cò ris a bha an dòigh-peantaidh aige coltach?
3. Dè na cuspairean, no na nithean, a bhiodh aige?
4. Dè bhiodh cha mhòr a h-uile duine a' dèanamh anns na dealbhan aige?
5. Dè an stoidhle anns am biodh e a' glacadh dhaoine?



### Tarraing loidhne an seo | Draw a line here

Nam biomaid ag obair air dealbh còmhla ri cuideigin eile, dh'fheumamaid briathrachas teicnigeach ionnsachadh. Thoir sùil air na gnìomhairean sa bhogsa seo co-cheangailte ri obair-ealain:

**Sgrìobh** ✎ - Cuir a' Bheurla ris na gnìomhairean an toiseach:

**tarraing!** | \_\_\_\_\_

**cuir dath air!** | \_\_\_\_\_

**dèan!** | \_\_\_\_\_

**atharraich loidhne!** | \_\_\_\_\_

**Nach dèan thu an loidhne sin nas làidire? Agus cuir barrachd dath air a' chruth seo.**

**Ceart ma-thà. Nì mi an dà rud sin. An tarraing mi loidhne dhubh cuideachd? An cuir mi às dhan phìos seo?**

**doimhneachd** *m* | depth   **coltas** *m* | appearance   **meud** *m* | size   **filleadh** *m* | layer

## 8. Nua-ealain | Modern Art

**Leugh** 📖 an earrann seo an toiseach, an uair sin leugh a-rithist i leis a' chlas. Tha ainmean stoidhlean ealain ann:

Dè a th' ann an **Nua-ealain** 'Modern Art'? Thòisich **gluasad na nua-ealaine** anns na seasgadan san **naoidheamh linn deug** '1860s' agus chaidh e air adhart suas dha na seachdadan anns **an fhicheadamh linn** '1970s'. 'S ann le luchd-ealain mar Vincent van Gogh, Paul Cézanne, agus Henri de Toulouse-Lautrec a thòisich gluasad na nua-ealaine agus chùim luchd-ealain mar Henri Matisse agus Pablo Picasso an gluasad a' dol. Ghluais an luchd-ealain seo air falbh bho na seann dòighean peantaidh agus thòisich iad a' cluiche le stuthan-ealain agus le cruthan ùra. A bharrachd air seo, chleachd iad na goireasan teicneòlais ùra bhon àm sin, mar an camara. Chìthear gluasadan beaga cudromach eile taobh a-staigh nua-ealain cuideachd, coltach ri **Ciùbachas**, **Eas-chruthachd** agus **Minimeileachas**.



**an naoidheamh linn deug** | the nineteenth century

**am ficheadamh linn** | the twentieth century

**gluasad na nua-ealaine** | the modern art movement

**Ciùbachas** | Cubism

**Eas-chruthachd** | Abstraction

**Minimeileachas** | Minimalism

**Bruidhinn** 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, cleachd na ceistean gu h-ìosal gus còmhradh a dhèanamh. Feuch gun cùm thu an còmhradh a' dol fad 10 mionaidean.

1. Dè cho tric 's a thèid thu gu gailearaidhean ealain?
2. Dè do bheachd air nua-ealain? An toil no nach toil leat i?
3. Dè do bheachd air ealain eas-chruthach 'abstract art'?
4. Cò an neach-ealain as ainmeile às an dùthaich agad?
5. Cò an neach-ealain as fheàrr leat às an dùthaich agad?
6. A bheil obair-ealain cudromach dhut?
7. An do cheannaich thu dealbh daor a-riamh? Ma cheannaich, a bheil e agad fhathast?
8. A bheil caraid agad a tha na neach-ealain? Dè seòrsa ealain a bhios iad a' dèanamh?



**B' e sin an ealain gun rath.** | That was the skill without luck.

**Is fheàrr àgh na ealain.** | Good luck is better than a trade.

➔ Theirigibh gu [21A Duilleag Mìneachaidh, 21B Duilleag Obrach, 21C Duilleag Geama]